

GEARANAN MUN PHOILEAS

Tha a' bhileag seo a'
mìneachadh na bu
chòir dhut a
dhèanamh ma tha thu
airson gearan a
thogail an aghaidh a'
phoileis ann an Alba.

Tha i cuideachd ag
innse mar a thathar a'
dèiligeadh ris na
gearanan seo.



one
scotland
SCOTTISH GOVERNMENT

Ciamar as urrainn dhomh gearan a dhèanamh?

Ma tha thu a' smaoinneachadh nach eil feachd phoileis no buidheann phoileis air nithean a dhèanamh mar a bha dùil agad, no ma tha thu a' smaoinneachadh gu bheil ball de sheirbheis a' phoileis air iad fhèin a ghiùlan ann an dòigh mhì-iomchaidh no air eucoir a dhèanamh, dh'fhaoidte gum bi thu airson gearan a thogail.

Ma tha an gearan agad mu fheachd phoileis no mu bhall de dh'fheachd phoileis:

- ✓ Sgrìobh gu Àrd-Chonstabal na feachd poileis buntainnich, no
- ✓ Thoir am fiosrachadh mionaideach seachad aig stèisean poileis sam bith (no do dh'oifigear poileis sam bith), no
- ✓ Iarr air neach-lagha, air a' BhPA agad no air a' chomhairliche ionadail agad an gnothaich a thogail leis an Àrd-Chonstabal às do leth, no
- ✓ Cuir fios gu Neach-Casaid Crùin na Sgìre agad ma tha thu a' smaoinneachadh gu bheil ball den fheachd air an lagh a bhriseadh, no
- ✓ Bruidhinn ri cuideigin aig Biùro Comhairleachaidh a' Phobaill, a bheir dhut cuideachd ainmeannan agus seòlaidhean nan daoine no nan àiteachan a tha air an ainmeachadh sa bhileig seo.

Ma tha an gearan agad mu bhuidheann phoileis nach eil air tè de na h-ochd feachdan poileis (mar eisimpleir Buidheann Cur an Gnìomh Eucoir agus Dhrugaichean na h-Alba):

- ✓ Sgrìobh gu ceannard na buidhne sin, a' sireadh cuideachadh, ma tha feum air, bho neach-lagha, bho BhPA, bho chomhairliche no bho Chomhairleachadh Pobaill mar gu h-àrd.

Dè a bu chòir dhomh a ràdh?

- ✓ Can nas urrainn dhut mun ghearan.
- ✓ Innis dè thachair.
- ✓ Innis càite agus cuin a thachair an tachartas no an rud a dh'adhbhraich an gearan.
- ✓ Thoir ainmeannan agus seòlaidhean fhianaisean sam bith (ma tha iad agad).
- ✓ Thoir ainm no dearbh-aithne buill sam bith den bhuidhinn bhuntainnich (ma tha fios orra agus sin iomchaidh).

Dè tha a' tachairt an uair sin?

Tha am mìneachadh a leanas ag innse na tha a' tachairt nuair a tha an gearan mu dheidhinn feachd phoileis. Bidh modhan ann am buidhnean poileis eile coltach riutha seo ann an cuid de dhòighean ach dh'fhaodadh iad a bhith eadar-dhealaichte ann an dòighean eile. Freagraidh a' bhuidheann bhuntainneach ceistean sam bith a dh'fhaodadh a bhith agad mun a-seo.

Mar as trice tadhailidh no fònaidh àrd-oifigear bhon sgìre ionadail agad gus a' mhodh ghearanan a mhìneachadh agus gus cothrom a thoirt dhut bruidhinn mun ghearan agad. Ma tha e iomchaidh, feuchaidh an t-àrd-oifigear ri mìneachadh a thoirt air carson a chaidh gnìomh sònraichte a dhèanamh, ma tha coltas ann gun robh an gnìomh sin reusanta. Tha an t-eòlas a tha againn air gnothaichean leithid seo a' sealltainn nach eil tòrr dhaoine mothachail mu fharsaingeachd dhreuchdan agus dhleastanasan poileis no mu na h-adhbharan a tha air cùl gnìomhan sònraichte. Uaireannan bidh mìneachadh bho àrd-oifigear na chuideachadh.

Ma tha thu riarichte leis a' mhìneachadh a tha air a thoirt, thèid an gearan agad a cho-dhùnadh an uair sin. Thèid iarraidh ort d' ainm-sgrìobhte a chur ri nota no sgrìobhainn, a' dearbhadh gu bheil thu toilichte leis a-seo. Thèid clàr a ghleidheadh mu na tha air tachairt.

Cha deidheadh gearan a' buntainn ri giùlan eucorach a rèiteach le mìneachadh a-mhàin.

Cò a dhèiligeas ris a' ghearan agam?

Mura tèid cùisean a cho-dhùnadh aig an ìre sin, dh'fhaoidte gum beachdaich àrd-bhall den fheachd phoileis bhuntainnich air a' ghearan agad. Ma thathar a' cumail a-mach gun deach mì-ghiùlain a dhèanamh, thèid sgrùdadh a dhèanamh le àrd-oifigear poileis aig nach eil buntanas ris a' chùis agad.

Ciamar a thèid dèiligeadh ris a' ghearan agam?

Dh'fhaoidte gum bruidhinn an neach a tha a' dèiligeadh ris a' ghearan:

- Riut fhèin;
- Ri fianaisean sam bith no ri daoine eile aig a bheil fiosrachadh iomchaidh mun ghearan;
- Ri ball/buill luchd-obrach sam bith mun do thog thu gearan (ma tha seo iomchaidh).

An uair sin, bheir an neach a tha a' dèiligeadh ris a' ghearan agad aithris don neach-dreuchd aig a bheil dleastanas iomlan airson an t-seòrsa gearain seo. Airson gearanan far a bheilear a' cumail a-mach gun do thachair mì-ghiùlan, is e an Leas-Àrd Chonstabal no oifigear ainmichte air choreigin

a dh'aithriseas gu dìreach chun an Leas-Àrd Chonstabail a nì seo. Airson seòrsachan gearain eile, mar as trice is e ceannard na h-earrainne, aonaid/sgìre an ùghdarrais no na roinn bhuntainnich a bhios an urra ris a-seo.

Aig an ìre sa, airson gearanan a tha a' cumail a-mach gun do thachair mì-ghiùlan, faodaidh an Leas-Àrd Chonstabail no oifigear ainmichte eile:

- Co-dhùnadh, as dèidh beachdachadh air aithisg an oifigeir-sgrùdaidh, nach eil feum air gnìomh foirmeil sam bith agus gun deach, no gun tèid, an gnothach a cho-dhùnadh le mìneachadh dhut fhèin; no
- Tuilleadh sgrùdaidh iarraidh; no
- Dèiligeadh ri ball/buill iomchaidh sam bith san fheachd fo na modhan mì-ghiùlain no smachdachaidh; no
- Ma tha coltas ann gu bheil ball/buill den fheachd air an lagh a bhriseadh, feumaidh a' chùis a bhith air a cur air adhart gu Neach-Casaid Crùin na Sgìre.

Mura h-eil an gearan agad a' buntainn ri neach fa leth, dh'fhaoidte gun dèan an neach aig a bheil dleastanas iomlan sgrùdadh air co-dhiùbh a tha an t-seirbheis a thug an fheachd phoileis seachad air a bhith fon ìre a bhiodh air a dùileachadh gu reusanta agus co-dhiùbh a dh'fhaodas leasain sam bith a bhith air an ionnsachadh.

Ge brith dè a nìthear, innsidh an fheachd dhut mu dheidhinn cho luath 's a ghabhas.

Neach-Casaid Crùin na Sgìre

Tha Seirbheis Neach-Casaid a' Chrùin gu tur neo-eisimeileach bhon phoileas. Far a bheilear a' cumail a-mach gun do thachair giùlan eucorach bidh iad ga sgrùdadh airson math a' phobaill. Far a bheil an gearanaiche a' cumail a-mach gun do rinn ball den fheachd eucoir fhad's a **bha iad ag obair**, thèid seo a sgrùdadh le Neach-Casaid Crùin na sgìre anns a bheilear a' cumail a-mach an do thachair an eucoir. Dh'fhaoidte gun dèilig Neach-Casaid Crùin na Sgìre ris a' ghnòthaich seo gu pearsanta no dh'fhaoidte gun toir iad obair an sgrùdaidh do neach-ionaid le eòlas gus a dèanamh às an leth, no gus aithris a thoirt dhaibh. Ma thathar a' cumail a-mach gun do rinn ball de dh'fheachd poileis eucoir nuair **nach robh iad ag obair**, ma tha e iomchaidh, thèid seo aithris do Neach-Casaid a' Chrùin airson na sgìre anns a bheilear a' cumail a-mach an do thachair an eucoir. Co-dhùinidh Neach-Casaid a' Chrùin an uair sin co-dhiùbh a tha gnìomh sam bith iomchaidh san t-suidheachadh.

Cumail a-mach gun do thachair eucoir

As dèidh dhaibh aithisg fhaighinn bhon phoileis nì Neach-Casaid Crùin na Sgìre na leanas:

- Sgrùdadh air an fhianais;
- Iarraidh iad air cuideigin bho Sheirbheis Neach-Casaid a' Chrùin fios a chur thugad;
- Beachdaichidh iad air dè an sgrùdadh a bharrachd a tha a dhìth.

Tha feum aig Neach-Casaid Crùin na Sgìre air an fhiosrachadh agad gus beachdachadh

air neart na fianais an aghaidh ball/buill na feachd buntainnich. Dh'fhaoidte gun tèid iarraidh ort a dhol gu oifis Neach-Casaid a' Chrùin agus bruidhinn ri cuideigin an sin.

As dèidh coimhead air a' chùis, co-dhùinidh Neach-Casaid Crùin na Sgìre co-dhiùbh a thèid aithris air a' chùis do dh'Oifis a' Chrùin (ceann-chairtealan na Seirbheise Fiosgail).

Dè thachras mura tèid cùis aithris gu Oifis a' Chrùin?

Mura tèid cùis aithris gu Oifis a' Chrùin, tha sin a' ciallachadh nach tèid imeachdan eucorach a ghabhail idir. **Leigidh Neach-Casaid Crùin na Sgìre fhaicinn dhut nach bi imeachdan eucorach ann idir.** Cuiridh Neach-Casaid Crùin na Sgìre fiosrachadh air ais chun na feachd cuideachd agus feumaidh an fheachd co-dhùnadh co-dhiùbh a tha feum air gnìomh sam bith air an taobh a-staigh.

Dè thachras ma thèid cùis aithris gu Oifis a' Chrùin?

Beachdaichidh Luchd-Tagraidh a' Chrùin (àrd-luchd-lagha casaid) air a' chùis agus **co-dhùinidh iad co-dhiùbh a thogas iad casaid. Leigidh oifis Neach-Casaid Crùin na Sgìre fhaicinn dhut na cho-dhùineas Luchd-Tagraidh a' Chrùin.** Tha na h-aon chòraichean fon lagh aig oifigearan poileis agus aig buill feachda eile far a bheil eucoir air a cur às an leth 's a tha aig neach sam bith eile, agus feumar an làimhseachadh san aon dòigh. Mar sin, ma thèid a' chùis don chùirt, dh'fhaoidte gum feum thu fhèin agus fianaisean sam bith eile a dhol don chùirt gu fianais a thoirt seachad.

Imeachdan mì-ghiùlain/ smachdachaidh

Dh'fhaoidte nach do rinn am ball / na buill mu bheilear a' gearan eucoir idir, ach dh'fhaoidte gun do ghiùlain iad iad fhèin ann an dòigh nach eilear a' meas iomchaidh. Sna suidheachaidhean seo, dh'fhaoidte gun tèid dèiligeadh ris an neach, ma tha sin iomchaidh, ann an grunn dhòighean, a' gabhail a-steach ceumannan foirmeil mì-ghiùlain/smachdachaidh.

Dè tha a' tachairt ma tha mi airson an gearan agam a tharraing air ais?

Far an urrainnear, bu chòir dhut bruidhinn ris an oifigear ris an do rinn thu an gearan sa chiad àite, no faodaidh tu fios a chur chun na roinne aig a bheil an dleastanas airson ghearanan taobh a-staigh na feachd buntainnich. Ma tha imeachdan eucorach air tighinn às a' ghearan agad, bidh co-dhùnadh sam bith a thaobh leantainn air adhart leis an sgrùdadh, no le imeachdan sam bith eile, an urra ri Oifis a' Chrùin no ri Seirbheis Neach-Casaid a' Chrùin.

Ciamar a ghearaineas mi mu àrd-oifigear poileis?

Ma tha thu airson gearan a dhèanamh mu Iar-Àrd Chonstabal, mu Leas-Àrd Chonstabal no mu Àrd Chonstabal, bu chòir dhut fios a chur gu ùghdarras poileis na feachd buntainnich. Tha fiosrachadh mu dheidhinn cò agus càite chun am bu chòir dhut sgrìobhadh ri lorg air cùl na bileige seo, ann an leabharlannan ionadail, ann am Biùrothan Comhairleachaidh a' Phobail no le fios a chur chun na feachd buntainnich.

Gearanan droch-rùnach

Ma nì cuideigin gearan breugach mu bhall feachd phoileis no mu bhuidheann phoileis dh'fhaodadh Neach-Casaid a' Chrùin casaid a thogail nan aghaidh (agus dh'fhaodadh iad a bhith buailteach do chùis-lagha chatharra bhon neach mun do rinn iad an gearan).

Ciamar a gheibh mi a-mach dè a tha air tachairt mar thoradh air a' ghearán agam?

Mura h-eil Neach-Casaid Crùin na Sgìre a' dèiligeadh ris a' ghearán agad gu h-iomlan (faic gu h-àrd), faodaidh dùil a bhith agad ri conaltradh sgrìobhte bho neach a tha àrd san fheachd no sa bhuidheann phoileis a tha an urra ris an t-seòrsa gearain agad, aon uair 's gun deach an obair uile a tha a dhìth gus aghaidh a chur ris na gearanan agad a chrìochnachadh. Ann an cuid de chùisean far a bheil draghan eadar-dhealaichte ann, faodaidh seo greis mhath a thoirt.

Dè a nì mi mura h-eil mi riarichte leis an dòigh san do làimhsich am poileas an gearan agam?

Mura h-eil thu riarichte leis an dòigh san do dhèilig feachd no buidheann phoileis ris a' ghearan agad, faodaidh tu an gearan sin a chur air adhart gu Comiseanair Gearanan Poileis na h-Alba (CGPA).

Comiseanair Gearanan Poileis na h-Alba
PO Box 26300
Hamilton
ML3 3AR

Fòn an-asgaidh 0808 178 5577
enquiries@pcc-scotland.org
www.pcc-scotland.org

Is e dreuchd a' Chomiseanair ath-bhreithneachadh a dhèanamh air an dòigh san do làimhsich feachd phoileis an gearan sin. A rèir buil an ath-bhreithneachaidh seo, dh'fhaoidte gum feum an Comiseanair beachdachadh air a' chùis a-rithist agus stiùireadh a thoirt mun dòigh sam bu chòir don ath-bheachdachadh sin a dhol air adhart.

Chan urrainn don Chomiseanair, ge-tà, beachdachadh air cùis sam bith a tha a' gabhail a-steach gnìomh eucorach, oir tha sin fhathast na chùis do dh'Oifis a' Chrùin agus do Sheirbheis Neach-Casaid a' Chrùin.

Feachdan Poileis

Poileas Meadhan na h-Alba

Randolphfield, Sruighlea FK8 2HD

Fòn: 01786 456000

Roinn Phoileis Dhùn Phris & Ghall-Ghaidhealaibh

Meall Chornwall, Dùn Phris DG1 1PZ

Fòn: 01387 252112

Roinn Phoileis Fìobha

Rathad Detroit, Gleann Rathais KY6 2RG

Fòn: 01592 418888

Poileas Roinn a' Mhonaidh

Sràid na Bànrìghe, Obar Dheathain AB10 1ZA

Fòn: 0845 600 5700

Poileas Lodainn & nan Crìochan

Craobh-Shlighe Fettes, Dùn Èideann EH4 1RB

Fòn: 0131 311 3131

Poileas a' Chinn a Tuath

Seann Rathad Pheairt, Inbhir Nis IV2 3SY

Fòn: 01463 715555

Poileas Shrath Chluaidh

173 Sràid Pitt, Glaschu G2 4JS

Fòn: 0141 532 2000

Poileas Taobh Tatha

Bogsa Puist 59, 4 Sràid Bell an Iar

Dùn Dè DD1 9JU

Fòn: 01382 223200

Ùghdarrasan Poileis

Co-Bhòrd Poileis Meadhan na h-Alba

Comhairle na h-Eaglaise Brice, Toglaichean Bailteach
An Eaglais Bhreac FK1 5RS
Fòn: 01324 506078

Ùghdarras Poileis, Teine agus Teasairginn

Dhùn Phris & Ghall-Ghaidhealaibh

Comhairle Dhùn Phris & Ghall-Ghaidhealaibh,
Sràid na Beurla, Dùn Phris DG1 2DD
Fòn: 01387 260001

Comataidh Sàbhailteachd Choimhearsnachd

Comhairle Fìobha

Taigh Fìobha, Sràid a Tuath, Gleann Rathais
Fìobha KY7 5LT
Fòn: 01592 416303

Co-Bhòrd Poileis Roinn a' Mhonaidh

Comhairle Baile Obar Dheathain, Taigh a' Bhaile
Obar Dheathain AB10 1AQ
Fòn: 01224 523031

Co-Bhòrd Poileis Lodainn & nan Crìochan

Comhairle Baile Dhùn Èideann, Cùirt Waverley
4 Sràid na Margaidh an Ear, Dùn Èideann EH1 1DE
Fòn: 0131 469 3002

Co-Bhòrd a' Phoileis a Tuath

Comhairle na Gaidhealtachd, Rathad Ghleann
Urchadain, Inbhir Nis IV3 5NX
Fòn: 01463 702012

Co-Bhòrd Poileis Shrath Chluaidh

Rùm 64, Seòmraichean a' Bhaile
Glaschu G2 1DU
Fòn: 0141 287 4167

Co-Bhòrd Poileis Taobh Tatha

Comhairle Aonghais, Taigh Aonghais
Bruach na Lios-Mheas, Baile Fharfair DD8 1AN
Fòn: 01307 476265

Buidhnean Albannach

Oifis a' Chrùin agus Seirbheis Neach-Casaid a' Chrùin

25 Sràid Chambers, Dùn Èideann EH1 1LA

Fòn: 0131 226 2626

Buidheann Cur an Gníomh Eucoir & Dhrugaichean na h-Alba

Taigh Osprey, Rathad Inchinnan

Rinn Friu PA3 2RE

Fòn: 0141 302 1000

Riaghaltas na h-Alba

Taigh Naomh Anndra, Rathad Regent

Dùn Èideann EH1 3DG

Fòn: 08457 741741

Ùghdarras Seirbheisean Poileis na h-Alba

Fòn: 0141 582 1103

Buidhnean RA

Poileas Còmhdhail Bhreatainn

90 Rathad Cowcaddens, Glaschu G4 0LU

Fòn: 0800 405040

Roinn Phoileis Chatharra Niùclasach

Ionad Saidheansa Culham, Abingdon

Oxfordshire OX14 3DB

Fòn: 01235 466755

Poileas Ministreachd an Dion

Wethersfield, Braintree, Essex CM7 4AZ

Fòn: 01371 854000

Buidheann na Droch Eucoir Eagraichte

Bogsa Puist 8000, Lunnainn SE11 5EN

Fòn: 0870 734 6138

Tha an sgrìobhainn seo air a cur
a-mach mar stiùireadh agus chan
eil i a' còmhach gach
mion-fhiosrachaidh. Mar sin, cha
bu chòir coimhead rithe mar aithris
chuimseach de chleachdadh no de
mhodh poileis, no den lagh.



**The Scottish
Government**
Riaghaltas na h-Alba

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2007

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri faotainn air làrach-lìn
Riaghaltas na h-Alba: www.scotland.gov.uk

RR Donnelley B53189 10/07 (Gaelic)

Thathar a' meas gu bheil an
t-eadar-theangachadh seo na
rìochdachadh cuimseach dhen
tùs-sgrìobhainn.

ISBN 978-0-7559-1586-6



www.scotland.gov.uk